



Tìotal: A' faighneachd cheistean/A' taghadh/Ag aontachadh/A' gabhail ri /Sanasan aonta tràth

Ìre: TRÀTH

Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
Tha mi mothachail air m' fhaireachdainnean is comasach an cur an cèill, agus tha mi a' fàs comasach air bruidhinn mun deidhinn. HWB 0-01a	Tha an t-Eòlas/a' Bhuil seo na phàirt de Slàinte is Sunnd – Dleastanas nan Uile a tha a' gabhail a-steach nan còig ìrean airson fàs agus ionnsachadh a chòmhdach ann an Slàinte is Sunnd. Chan eil slatan-tomhais ann airson an E/B seo.

Amasan Ionnsachaidh

- Gum faigh clann eòlas agus tuigse air tòrr fhaireachdainnean air am faod iad bruidhinn.
- Gun ionnsaich clann mu cho-obrachadh, co-roinn agus mu bheusan.

Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh cur an cèill dè tha a' còrdadh leam agus dè nach eil agus carson.
- Tha mi a' tòiseachadh air co-obrachadh agus co-roinn còmhla ri feadhainn eile.
- Tha mi ag ionnsachadh mu bheusan agus carson a tha iad cudromach.
- Tha mi ag ionnsachadh èisteachd ri feadhainn eile.
- Tha mi ag ionnsachadh conaltradh èifeachdach.
- 'S urrainn dhomh pàirt a ghabhail ann an còmhradh.

Ceangal ris an Dachaigh

Tha fiosrachadh ann do phàrantan agus luchd-cùraim aig gach ìre air làrach RSHP. Tha leabhraichean air am moladh airson an ionaid/sgoil – ghabhadh iad seo cuideachd cur dhan leabharlann.

Prìomh fhaclan/briathrachas

Roghainnean
Faireachdainnean
Mas e do thoil e
Ceistean
Mòran taing

OBAIR

- Gabhaidh ionnsachadh planadh, faodaidh e tachairt nuair a dh'èireas cothrom-ionnsachaidh gu nadarra nuair a tha clann agus luchd-foghlaim a' còmhradh, no nuair a thachras tachartas sònraichte. Tha e fìor cuideachd gun urrainn dhuinn fhìn na cothroman sin a chruthachadh, mar sin tha beachdan an seo air leabhraichean, cluich agus gnìomhan eile a chuireas taic ri ionnsachadh RSHP aig tràth-ìre. Tha an t-ionnsachadh sa chupair seo a' ceangal ri **EL Nuair a tha mi a' faireachdainn brònach no tro-chèile**.

Tha na molaidhean airson gnìomhan a bhrosnaicheas ceistean a' ceangal ri Eòlasan agus Builean Litearrachd CfE. Tha iad mar phàirt dhen liosta seo de ghnìomhan agus dòighean-obrach bhon a tha RSHP ag amas air clann a bhrosnachadh gu bhith fèorachail agus neo-eisimeileach, le misneachd a thaobh am faireachdainnean agus comasach air ceistean fhaighneachd agus cnuasachd a dhèanamh air na dàimhean aca. Aig tràth-ìre tha ionnsachadh mu roghainnean na bhonn-stèidh de fhoghlaim RSHP a thaobh rudan mar cead bodhaig, aonta agus spèis do chrìochan pearsanta càch a chèile.

A' brosnachadh iognadh

Mìnich dhan chloinn gur e sgoil-àraich/clasrum a tha seo far a bheil fàilte air ceistean. Nuair a tha sibh a' sgrùdadh cuspair no a' còmhradh, faighnich dhan chloinn dè na ceistean a th' aca. 'S dòcha gu bheil tòrr cheistean aig clann a tha a' tòiseachadh le *carson?* Mar sin broснаich (agus stiùir) ceistean a tha a' tòiseachadh le *cò, dè, càite agus ciamar?* Mar thidsear/neach-foghlaim smaoinich: *Ciamar as urrainn dhomh barrachd ceasnachaidh a bhrosnachadh san t-suidheachadh seo?*

Ag ionnsachadh mu roghainnean

'S urrainn dhuibh dà sheòrsa ceist a chleachdadh gus clann a chuideachadh ag ionnsachadh mu roghainnean. Nuair a nì sibh seo, chì/cluinnidh sibh na freagairtean aca anns na tha iad a' ràdh agus a' dèanamh. Tha ceistean ruin a thiort roghainn dhaibh a bheil iad ag iarraidh rud no nach eil. 'S e deagh dhòigh air ceist mar seo a chur *A bheil thu ag iarraidh.* An toiseach 's e na ceistean as fheàrr feadhainn far a bheil tlachd ann do phàiste am freagairt le beachd làidir a' gabhail ri, no a' dol an aghaidh, na thathar a' tabhann – mar sin 's dòcha a bhith a' faighneachd dhaibh a bheil iarraidh aca air rud a tha làn-fhios agad a tha a' còrdadh riutha no nach eil a' còrdadh riutha.

Tha ceistean fiosrachaidh ag iarraidh air pàiste innse co-dhiù tha rud fìor no nach eil: *An e banana a tha seo? A bheil thu fuar?* Faodaidh na ceistean fàs nas toinnte: *An do ghabh thu braicist sa mhadainn?* Faodaidh spòrs a bhith agaibh le gèam tha/chan eil 's msaa a' cur cheistean gòrach a dh'fheumas am pàiste a fhreagairt.

Cleachd gluasadan-bodhaig nuair a tha thu a' gabhail ri rud no a' dol na aghaidh, a' gnogadh no a' crathadh do chinn, òrdag(an) suas no sìos, le gàire/gun gàire.

Cuidich clann gus aithneachadh mar a bhios clann a' sealltainn gu bheil iad airson rud no na aghaidh, gu h-àraid mura h-eil labhairt na phàirt de na sanasan sin. Tarraing aire chun na cùis mura h-eilear a' togail nan sanasan sin. (me A Theàrlaich, tha Emma a' ràdh nach eil iad airson an leabhar a thoirt seachad...)

A' dèanamh roghainnean

Bidh mòran chothroman ann tro latha airson roghainnean a thoirt do chlann. Tha e nas fheàrr gun chus a thoirt dhàibh mus tèid iad triollaidh, ach far a bheil cothrom ceart ann dhaibh rud a thaghadh – agus àm air a shon – mu chluich, biadh agus gnìomhan co-obrachail.

Stòiridhean agus ceistean

Fhad 's a tha sibh a' leughadh còmhla, faodaidh sibh smaoineachadh air diofar sheòrsachan cheistean:

- Ceistean litireil mu na tha tachairt ann an stòiridh. *A bheil cuimhn' agad nuair/dè...?*
- Ceistean oidheim ag iarraidh air a' chloinn smaoineachadh mu na tha tachairt san sgeul – *Dè an ath rud a tha a'dol a thachairt?*
- Ceistean measaidh far am feum clann coimhead air cùis san fharsaingeachd – *A bheil thu a' smaoineachadh gun robh i ceart sin a dhèanamh?*

Tha na seòrsachan cheistean sin a' leasachadh tuigse chloinne air beachd neach/caractar eile agus a' brosnachadh co-fhaireachdainn.

Faighnich agus brosnach ceistean fhosgailte

Dè thachradh na ...?
Ciamar a bhiodh e na ...?
Carson a ...?
Ciamar a tha fios againn gu ...?
Dè bha thu a' smaoineachadh nuair...?

Mas e do thoil e, taing agus ag iarraidh cead

Far an gabh e dèanamh seall mar a chleachdar *mas e do thoil e* agus *taing* agus na modhan a thèid nan cois – tha cleachdadh *mas e do thoil e* a' ciallachadh feitheamh ri freagairt agus a' toirt spèis dhan fhreagairt sin. Faodaidh gàire a bhith an cois cleachdadh *mòran taing/tapadh leat* a bharrachd air aithris a bharrachd: *Tapadh leat, bha e coibhneil dhìot mo chuideachadh nuair a thuit na leabhraichean orm.*

Faodaidh sibh iarraidh cead/aonta cnuasachd còmhla ri clann ann an còmhradh: *A bheil sibh airson breith air làmhnan a chèile no airson coiseachd còmhla. An do dh'fhaighnich thu do Mhàiri an robh i ag iarraidh cudail?*

Is toigh leam ... Tha mi math air ... Cha toigh leam ...	Nuair a tha a' chlann air tighinn còmhla, iarr air aon phàiste suidhe ri ur taobh agus freagair ceistean mun deidhinn – ag iarraidh orra innse dè as toigh leotha, dè tha iad math air agus dè nach toigh leotha. Faodaidh sibh ceistean eile fhaighneachd mu na freagairtean aca – faodaidh agus a' chlann eile. Faodaidh sibh uile an uair sin innse dhaibh mu na rudan a tha iad math air nur-se beachd (agus mu na tha a' còrdadh ribh mun deidhinn).
Ag aithneachadh, a' bruidhinn air agus a' dearbhadh fhaireachdainnean	Tha ionnsachadh RSHP gu lèir a' leantail air agus a' brosnachadh togail dhàimhean eadar neach-oideachaidh agus neach-ionnsachaidh. Ann an suidheachadh altraim spèiseil tha bruidhinn air faireachdainnean a' cuideachadh clann gus an tuigsinn – gun a bhith a' coimhead ora mar rud math no dona, chan eil annta ach faireachdainnean.
Dè an dath a th' air do latha?	Gabhaidh an leabhar Dr Seuss a leughadh còmhla ri clann agus faodar tòiseachadh air dathan a chleachdadh gus a chur an cèill mar a tha iad a' faireachdainn, a' cruthachadh chothroman còmhraidh ann am buidheann no le aon neach. Faodaidh latha tòiseachadh le <i>Dè an dath a th' air do thrum?</i>

LEABHRAICHEAN A LEUGHAS SIBH CÒMHLA NO A GHEIBH SIBH AIR IASAD

Thoiribh sùil air an liosta shlàn a gheibhear aig Tràth-ìre

Bheir na leabhraichean seo cothroman còmhraidh dhuibh air na cuspairean ris a bheilear a dèiligeadh, gabhaidh iad cleachdadh còmhla ri clas no buidheann, a' leughadh do dhithis no barrachd chloinne gus taic a chur ri prìomh phuingean ionnsachaidh. Dh'fhaodar pàrantan agus luchd-cùraim a bhrosnachadh gus an leughadh san dachaigh cuideachd.

My many coloured days

Dr Seuss (ISBN 0099266598)

'You'd be surprised how many ways I change on different coloured days. Maybe on some days you feel sort of brown, like a bear; you feel slow and low, low down. But then comes a yellow day and wheeeeeeeeee you feel like a busy, buzzy bee'. Tha an Dr Seuss a' toirt an leughadair air chuairt tro dhiofar thruimean. Dr Seuss takes the reader on a journey through many different moods.

No Means No!

Jayneen Sanders agus Cherie Zamazing (ISBN 1925089223)

'S e leabhar-deilbh chloinne a th' ann an 'No means No!' mu nighean bheag aig a bheil beachdan làidir agus soilleir mu gach cuspair, gu h-àraid a thaobh a bodhaig agus crìochan pearsanta. A' teagasg mu chrìochan pearsanta agus aonta.

No No Yes Yes

Leslie Petricelli (ISBN 0763632449)

Do chlann nas òige, tha bèibidh tapaidh a' sealltainn diofar giùlain agus na freagairtean a tha e a' faighinn.

No David!

David Shannon (ISBN 1338269046)

Tha Dàibhidh a' dèanamh tòrr rudan nach bu chòir dha...

Yes Day

Amy Krause Rosenthal (ISBN 0545256097)

Tha aon latha ann gach bliadhna nuair a dh'fheumte gabhail ri gach ceist...

I'm a Girl!

Yasmeen Ismail (ISBN 1408857006)

Tha a bhith a' glèidheadh a' còrdadh ris an nighean san leabhar seo, tha e a' còrdadh rithe a bhith dèanamh rudan gun mòran smaoinichidh agus a bhith luath agus làidir. Bhon as toigh leatha a bhith a' cur oirre briogais-ghoirid agus lèine-t bidh daoine tric a' smaointinn gur e balach a th' innte. Nuair a tha i a' tachairt air balach a tha titheach air a bhith a' cluich le doileagan agus a' cur dhreasaichean bhana-phrionnsa air tha an dithis aca a' faighinn a-mach gu bheil ùidhean fharsaing de gach seòrsa aca. 'S e comharrachadh mhìorbhaileach a th' ann an I am a Girl! mu bhith mar a thogras sinn fhìn agus gun a bhith air ar cuingealachadh le gnàth-iomhaighean gnè.

Clive and his Babies

Jessica Spanyol (ISBN 1846439914)

Seo Clive – agus a' mhac-meanmna. Tha doileagan a' còrdadh ri Clive. Tha e a' còrdadh ris a bhith a' cluich leotha agus a bhith gan roinn le charaidean. Leabhar bàidheil, ciùin a' comarrachadh iomadachd agus a' cur an aghaidh ghnàth-iomhaighean gnè.

Oliver who was small but mighty

Mara Bergman and Nick Maland (ISBN 0340930551)

Tha Oliver beag, ach bu mhiann leis a bhith àrd agus cumhachdach – gu h-àraid nuair a tha e a' tachairt ri dròbh mhucan-mara, buidheann spùinneadairean agus uilebheist mara. Tha an seuglachd seo mu bhith faighinn làmh an uachdair air cùisean- eagail.

I'm Worried

Brian Moses (ISBN 0750221313)

Bidh diofar fhaireachdainnean, nach eil iad a' tuigsinn, aig clann òga sna tràth bhliadhnaichean. Tha an leabhar seo a' coimhead air iomagain ann an dòigh eirmseach ach misneachail. Tha nòtaichean ann do phàrantan agus luchd-teagaisg le molaidhean air mar a dhèiligeas iad ris na faireachdainnean seo.